

An t-Àm ri Teachd Agamsa

Roghainnean Cuspair



Skills
Development
Scotland

My
World Of
Work



Cò sinne...

Skills
Development
Scotland

'S e an
t-seirbheis
dhreuchdan
agad

'S e an
làrach-lìn
dhreuchdan
agad

My
World
of
Work

'S e àm-co-dhùnaidh
a th' ann! 'S urrainn dhuinn
cuideachadh.

'S dòcha gur e do
roghainnean cuspair
a' chiad cho-dhùnadh
cudromach a nì thu
san sgoil.

Ma dh'fhaodte gum bi seo
a' cur eagal ort, ach tha e
brosnachail cuideachd oir
bidh smachd agad fhèin air
a' ghnothach!

Agus bidh thu a' faighinn tòrr
mòr smuaintean, cuideachadh
agus taic air an t-slige.

Ma dh'fhaodte gum bi na
roghainnean a nì thu an-dràsta
a' toirt buaidh air an t-seòrsa
dreuchd a dh'fhaodadh tu
dèanamh an dèidh làimhe,
agus mar sin 's fhiach
beagan ùine a ghabhail
gus beachdachadh orra gu
cùramach agus còmhradh
mu do cho-dhùnaidhean.

Co-dhiù ma tha fhios agad
cheana air dè tha thu ag
iarradh a thaghadh, no ma
tha thu fhathast gun sgòt, tha
e cudromach a bhith a' cumail
do roghainnean fosgailte.

Tha daoine ann a dh'fhaodas
do chuideachadh a thaobh
dè bhios tu a' cur romhad,
a' gabhail a-steach an
comhairliche dhreuchdan
agad, a bhios a' toirt
cuideachadh dhut fa leth
aig an sgoil agus ann am
buidhnean còmhla ri do
cho-sgoilearan.

'S e deagh àite-tòiseachaidh
smaointinn air càit a bheil thu
air an t-slige agad gu ruige
seo, mar eisimpleir le bhith
a' toirt sùil air a' phrofaidhl
phearsanta agad.

Agus bidh an leabhran seo
a' toirt seòladh feumail dhut.
Tòisicheamaid, ma-tà!

San iris seo:

- na còig ceistean a bu
chòir dhut a chur ort
fhèin mus tagh thu do
roghainnean
- na h-uidheaman air
My World of Work
a dh'fhaodas do
chuideachadh gus
do roghainnean a
dhèanamh
- càit am faodadh tu a
dhol le do roghainnean
cuspair
- obraighean san àm ri
teachd
- **Sgillean Stiùireadh**
Dhreuchdan –
agus cuideachadh
bhon comhairliche
dhreuchdan agad
- a' coinneachadh
ris a' comhairliche
dhreuchdan agad.



Chan eil leithid
a rud ann ri
cuspairean
bhalach no
cuspairean
chaileagan!

Còig Puingean Cudromach

Tha e fìor chudromach, nuair a tha thu a'
taghadh do roghainnean cuspair, gun dèan
thu na co-dhùnaidhean as fheàrr dhut fhèin.

Thoir beagan ùine gus beachdachadh
air na còig ceistean a leanas.

1.

Dè tha a' còrdadh rium?

Ma tha ùidh agad ann an rudeigin, gheibh
thu toileachas à ionnsachadh barrachd mu
dheidhinn. 'S dòcha gun dèan thu nas fheàrr
ann cuideachd, ma tha thu a' dèanamh
rudeigin as caomh leat.

2.

Ciamar as fheàrr leam a bhith ag ionnsachadh?

Mar eisimpleir, ma dh'haodte gum bi cànanan
a' còrdadh riut a chionn 's gum faigh thu
cothrom bruidhinn agus èisteachd, no ealain
agus deilbh no cuspairean saidheans a
chionn 's gun toir iad cothrom dhut a bhith
cruthachail.

3.

Dè tha mi math air?

Smaointich air na clasaichean san do rinn thu
gu math, ach cuimhnich gur e seo cothrom a
bhith a' rannsachadh nithean nach do rinn thu
riamh roimhe.

4.

Dè am beachd a th' aig daoine eile?

Faighnich de dhaoine anns am bi thu a' cur earbsa
dè, nam beachd-san, a tha thu math air agus
dè anns am faodadh tu dèanamh gu math. Ma
dh'haodte gum bi na freagairtean a' cur iongnadh
ort. Ach cuimhnich, aig a' cheann thall feumaidh tu
na roghainnean a dhèanamh a tha math DHUTSA.

5.

Càit am faodainn a dhol leis na roghainnean seo?

Ma dh'haodte gum feum thu cuspairean
àraigd ionnsachadh gus dreuchd fhaighinn.
Smaointich air dè na seòrsaicichean obraichean
a dh'haodadh a bhith freagarrach dhut.



Cuimhnich, 's urrainn dhut nì sam bith a dhèanamh a tha thu ag iarraidh. Ma tha dealas agad
airson saidheans, no mas e cànanan do ghnothach-sa, 's ann agadsa a tha an roghainn!

Uidheaman airson na h-obrach

Faigh a-mach dè tha thu math air agus rannsaich do chùisean-ùidhe. Bidh seo na chuideachadh mòr nuair a tha thu a' taghadh do roghainnean.


Ma dh'fhaodte nach eil thu air a chur romhad dè tha thu ag iarraidh a dhèanamh às dèidh dhut an sgoil fhàgail, agus tha sin ceart gu leòr. Ach ma tha beachd agad air an t-seòrsa obair no gnìomhachas sam biodh tu ag iarraidh a bhith an sàs, bidh e nas phasa dhut do roghainnean cuspair a thaghadh. Cuimhnich nach eil leithid a rud ann ri nithean as toigh le/nach toigh le balaich no caileagan, agus tha an t-aon rud fior a thaobh neartan, sgilean, cuspairean is dreuchdan.

'S urrainn dhut a bhith ag amas air dreuchd sam bith a tha thu ag iarraidh – agus chan eil e gu diofar

dè an cinneadh dham buin thu, no an deach d' àrach ann an cùram no ma tha thu ciorramach – is coma sin uile nuair a tha thu a' taghadh dreuchd.

Clàraich air My World of Work gus cunntas a chruthachadh.

Bidh an cunntas seo pearsanaichte direach air do shon-sa, le molaidhean airson do dhreuchd-sa agus stiùireadh is seòladh air dè dh'fhaodas tu fheuchainn mar ath thaghadh air an làrach-lìn. Ma chuireas tu cromag sa bhogsa nuair a chlàraicheas tu, curidh sinn molaidhean thugad.



Lorg na nithean anns a bheil ùidh agad



Lorg do neartan



Leasaich do sgilean



A' taghadh do chuspairean

An t-uidheam Mu Mo dheidhinn (About Me)

Dè bhiodh na b' fheàrr na cosnadh fhaighinn airson obair as caomh leat a dhèanamh! Cleachd an t-uidheam Mu Mo Dheidhinn (About Me) gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu dheidhinn do phearsantachd agus molaidhean dhreuchdan fhaighinn stèidhte air na nithean as toigh leat a bhith a' dèanamh – na nithean anns a bheil ùidh agad.

An t-uidheam Neartan (Strengths)

'S iad do neartan na nithean air a bheil thu math air a dhèanamh. Ma tha thu eòlach air do neartan, bidh an t-eòlas sin gad chuideachadh gus cuspairean is roghainnean is dreuchdan a thaghadh a bhios a' toirt a-mach rogha do nàdair. Ma dh'fhaodte gu bheil neartan agad fiù 's air nach robh thu mothachail. Feuch an fharpais-cheist air Neartan agus lorg na neartan agad fhèin!

An t-uidheam Sgilean (Skills)

'S iad sgilean comasan a dh'fhaodas tu a leasachadh agus ionnsachadh gus do chuideachadh le bhith a' coileanadh ghniomhan sònraichte. Dh'fhaodadh tu sgilean ùra ionnsachadh san t-seòmar-teagaisg no san t-saor-ùine agad. Faigh a-mach fiosrachadh air càit am faodadh tu a dhol leis na sgilean agad.

An t-uidheam Roghainnean Cuspair (Option Choices)

Cuir a-steach na cuspairean as fheàrr leat san uidheam seo, a' gabhail a-steach Preantasachdan Bun-ìre, agus faigh molaidhean air na seòrsaichean dhreuchdan gu faodadh iad do threòrachadh.



Tòisich aig myworldofwork.co.uk/subjectchoices

Càit am faodadh tu a dhol le do roghainnean?



Smaointich air an dreuchd agad mar mhapa mòr air Google Maps. Ma dh'fhaodte gu bheil an t-aon cheann-uidhe agadsa agus aig cuideigin eile sa chlas agad, ach dh'fhaodadh sibh siubhal air slighean gu tur eadar-dhealaichte airson faighinn ann.

Bidh an dreuchd agad coltach ri seo cuideachd – sin an fhìrinn! 'S e an rud a tha cudromach gum bi thu a' lorg na slighe dreuchd a tha ceart dhut fhèin. Bidh tòrr shlighean fosgalte dhut.

Colaiste no Oilthigh

Ma dh'fhaodte gur e ionnsachadh aig **colaiste** no **oilthigh** an nì ceart dhutsa. Airson cuid de dhreuchdan, leithid leigheas no lagh, 's e seo an aon dòigh sam faighear na teisteanasan riatanach.

Obair

Ma dh'fhaodte gu bheil thu ag iarraidh a dhol dìreach a-steach ann an cosnadh an dèidh dhut an sgoil fhàgail. Dh'fhaodadh tu a dhol a dh'obair gu dìreach airson fastaiche, no gnothachas a thòiseachadh dhut fhèin, no fiù 's beagan obair shaor-thoileach a dhèanamh mar dhòigh luachmhor airson fein-fhiosrachadh air an àite-obrach fhaighinn.

Càit am faodadh tu a dhol le do roghainnean?

Ann am preantasachd, tha thu a' dèanamh obair fhìor ach tha thu a' faighinn beagan ùine air falbh airson ionnsachadh.

Bidh Nuadh Phreatasachd a' leigeil leat a bhith ag obair, a' cosnadh agus a' faighinn teisteanas aithnichte leis a' ghnìomhachas – 's e seo teisteanas air am bi fastaichean eòlach agus air am bi iad a' cur meas.

Tha barrachd air 100 diofar sheòrsa de **Nuadh Phreatasachdan** ann, ann an ceudan de dhiofar obraichean.

Bidh **Preantasachdan aig Ìre Ceumnaiche** a' leigeil leat rannsachadh airson ceum fhad 's a tha thu ag obair ann an obair cho-cheangailte.

Bidh preantasachdan gan tairgse le míltean de chompanaidhean de dhiofar mheudan ann an iomadh diofar sheòrsa gnìomhachais ann an Alba – chan eil teagamh ann, ma-thà, gum bi aon ann a tha freagarrach dhut.



Preantasachdan Bun-ìre

Ma dh'fhaodte nach cuala tu, ach faodaidh tu Preantasachd Bun-ìre a dhèanamh fhad 's a tha thu fhathast san sgoil.

'S e dòigh-ionnsachaidh a th' ann, ann an AS5 is AS6, a bhios gad chuideachadh gus bunait sheasmhach a thogail airson an ama ri teachd le bhith a' toirt dhut deagh eòlas-obrach fiù 's mus fàg thu an sgoil.

Cha bhi seo mar phàirt de na roghainnean cuspair agad an turas-sa, ach tha e math a bhith mothachail air mar roghainn dhut aig ìrean nas àirde san sgoil.

Eucoltach ris na cuspairean eile agad, bidh thu a' faighinn ùine a-mach às an t-seòmar-teagaisg agus bidh thu ag obair air pròiseactan flora aig colaiste agus le cuid de na fastaichean as motha ann an Alba.

'S e cothrom a th' ann a bhith a' feuchainn rudeigin ùr, agus dh'fhaodadh e fiù 's do chuideachadh gus d' inntinn a dhèanamh suas a thaobh dè tha thu ag iarraidh a dhèanamh mar obair.

Bidh am measgachadh de dh'eòlas-obrach agus teisteanas gad chuideachadh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil airson obair, colaiste, oilthigh no preantasachd eile.

Gabhaidh tu Preantasachd Bun-ìre an ath thuras a nì thu roghainnean cuspair agus obraichidh tu a dh'ionnsaigh teisteanas thairis air aon no dà bhliadhna. Tha iad rim faotainn ann an raon farsaing de chuspairean.

'S iad:

- Cunnatasachd
- Sgilean Gnothachais
- Einnseanaireachd Chatharra
- Meadhanan Cruthachail is Didseatach
- Einnseanaireachd
- Seirbheisean Ionmhasail
- Teicneòlasan Biadh is Deoch
- Taic airson Bathar-cruaidh agus Siostaman
- Teicneòlasan Saidheansail
- Seirbheisean Sòisealta Clann is Daoine Òga
- Seirbheisean Sòisealta agus Cùram-Slàinte
- Leasachadh Bathar-bog

Tadhail air **apprenticeships**, **scot/foundation** airson barrachd fiosrachaiddh.

Cuimhnich, tha an comhairliche dhreuchdan agad san sgoil airson do chuideachadh gus na roghainnean uile a tha romhad a thuigsinn. 'S urrainn dhaibhsan do stiùireadh tro do roghainnean gus do chuideachadh an t-slighe cheart fhaighinn dhutsa. 'S urrainn dhaibh do chuideachadh gus taic a bharrachd a lorg ma tha feum agad oirre gus an tèid agad air an t-slighe a tha thu ag iarraidh a leantainn.

Obraichean san àm ri teachd



Tha dreuchdan STEM ceangailte ri saidheans, teicneòlas, einnseanaireachd agus matamataig. Tha cuspairean feumail a' gabhail a-steach Fiosags, Ceimigeachd, Bith-eòlas, Matamataig, Saidheans Coimpiutaireachd, Deilbh is Obair-dèanaimh, Ealain. Bidh Preantasachdan Bun-ìre gad chuideachadh faighinn a-steach cuideachd.

Tha obraichean STEM airson a h-uile duine, mar eisimpleir boireannaich a bharrachd air fireannaich, daoine à gach cinneadh agus daoine ciorramach. Ann an obair STEM, bidh thu a' cruthachadh nithean agus a' fuasgladh cheisteann. Bidh mòran dhiubh a' toirt a' chothroim dhut a bhith ag atharrachadh an t-saoghal!


Gabhaidh a leithid a dhèanamh nas fheàrr far a bheil sgiobaidean ann a tha air an dèanamh suas de dhiofar dhaoine le diofar bheachdan. Mar sin, 's fhìach beachdachadh air obraichean STEM nuair a tha thu a' taghadh do roghainnean.

Ionnsaich mu na tha comasach aig My World of Work.

Teicneòlas Didseatach



Tha Alba a' toirt dachaigh do chuid de na companaidhean teicneòlais as inntinniche san t-saoghal. Tha feum aig cha mhòr a h-uile fastaiche ann an Alba air daoine aig a bheil sgilean teicneòlais dhidseataich.




Ma dh'fhaodte gur tua
an ath:

- Còdair
- Dealbhaiche
- Hacair beusail (Ethical hacker)
- Leasaiche ghèamaichean
- Einseanair robataireachd
- Neach-saidheans dàta
- Deuchainniche

Cumhachd agus an Àrainneachd



Tha iomadh preantas a-cheana ag obair sa ghnìomhachas an-dràsta, a' gabhail a-steach einnseanairean a bhios a' cuideachadh gus beachd-smuaintean a thoirt gu bith. 'S e gnìomhachas inntinneach agus ioma-chùiseach a th' ann, agus dh'fhaodadh tu a bhith ag obair ann an oifis, ann an deuchainn-lann, aig muir no fiù 's fon talamh.



Ma dh'fhaodte gur tua
an ath:

- Einseanair ceimigeach
- Einseanair deilbh
- Micro-bith-eòlaiche
- Cuan-eòlaiche
- Manaidsear pròiseict
- Teicneòlaiche Crann-gaoithe

Saidheansan Beatha



Gheibhear ann an Alba aon de na coimhairsnachdan saidheansail as mothà san Roinn-Eòrpa. Cuideachd, tha sinn ainmeil airson rannsachadh iongantach, lorg dhrogaichean agus uidheaman meidigeach a tha a' cuideachadh gus galaran a leighis agus càileachd na beatha a chur am feabhas.

Ma dh'fhaodte gur tua
an ath:

- Eòlaiche-gintinneachd
- Teicneòlaiche Deuchainn-lann
- Bith-eòlaiche mara
- Teicneòlaiche-leigheasan
- Rannsache saidheans

Cùram-slàinte, Cùram-cloinne agus Cùram Sòisealta



Tha mòran bhuidhnean ann a bhios a' cuideachadh gus cùram a ghabhail orrasan, agus taic a thoirt dhaibhsan, aig a bheil am feum as mothà air. Tha caochladh farsaing de dh'obraichean ann san raon seo, bho dhreuchdan a dh'aithnicheadh tu, leithid nurs agus obraiche no manaidsear cùram-chloinne, gu feedhainn air nach faodadh tu a bhith eòlach, leithid leasaiche-cluiche, oifigear airson càraichean shochairean no neach-cleachdaidh cuislearachd (phlebotomist).

Ma dh'fhaodte gur tua
an ath:

- Eòlaiche-èisteachd
- Cùramaiche
- Manaidsear Sgoil-àraich
- Dotair
- Nurs
- Neach-eiridinn
- Neach-taice

Obair-togail




Am b' urrainn dhut a bhith nad phàirt de sgioba a bhios a' togail an ath structar leithid Cuibhle na h-Eaglaise Brice no Drochaid na Banrighinn?

Ma dh'fhaodte gur tua
an ath:

- Teicneòlaiche ailtireachail
- Manaidsear obair-togail
- Neach-comhairle slàinte is sàbhailteachd
- Fearann-mheasadair
- Einseanair structarail

Sgilean Stiùireadh Dhreuchdan



'S dòcha gun cuala tu roimhe mu Sgilean Stiùireadh Dhreuchdan bhon chomhairliche dhreuchdan agad.

Fhad 's a tha thu a' dol tron sgoil, bidh thu a' cumail ort a' leasachadh nan sgilean seo.

'S iad Sgilean Stiùireadh Dhreuchdan na sgilean fad-bheatha a dh'fheumas tu gus co-dhùnaidhean dreuchd a dhèanamh, eadar gu bheil iad beag no mòr.

Nuair a tha thu a' taghadh do roghainnean, tha an comhairliche dhreuchdan agad san sgoil agad airson do chuideachadh.

Dh'haodadh tu a bhith an dùil gum faigh thu:

- seisean anns am bi am fòcas ga chur air mar a nì thu roghainnean-cuspair fiosraichte
- an cothrom comhairle aghaidh-ri-aghaidh fhaighinn leis a' chomhairliche dhreuchdan agad gus dèanamh cinnteach gu bheil fios agad air na roghainnean uile a tha fosgalte dhut agus, rud a tha nas cudromaiche, gu bheil thu gan tuigsinn.



Cuimhnich gum faod thu do phàrant, neach-cùram no tidsear (no a h-uile duine dhiubh!) a thoirt còmhla riut don t-seisean aghaidh-ri-aghaidh agad. Iarr air a' chomhairliche dhreuchdan no tidsear agad innse dhut mar a nì thu agallamh gus beachdachadh air do roghainnean cuspair, agus sgriobh sios am fiosrachadh sin air duilleag-chùil na h-iris seo.

Cò th' annam? Mi fhìn

Tha seo mu dheidhinn eòlas fhaighinn air cò th' annad – do neartan agus do luachan, dè tha cudromach dhut agus dè bhos gach chumail a' dol.

Dè tha a-muigh an siud dhòmhsa? Na tha air faire

Tha seo mu dheidhinn eòlas fhaighinn dè tha a-muigh an siud ann an saoghal na h-obrach.

Tha e mu dheidhinn tuigse fhaighinn air dè seòrsa obraichean a th' ann, dè na gnìomhachasan a th' ann, agus na dòighean uile sam b' urrainn dhut deisealachadh airson obair.

Dè tha mi math air? Neartan

Tha seo mu dheidhinn eòlas agus tuigse fhaighinn air dè an stuth a tha thu math air. Tha e mu dheidhinn do sgilean agus mar a ghabhas an cleachdadhean ann an diofar dhòighean.

Cò a dh'faodas mo chuideachadh? Lìonraidhean

Tha seo mu dheidhinn nan daoine a tha timcheall ort agus mar a dh'faodas iadsan do chuideachadh gus faighinn air adhart leis an dreuchd agad. Tha e cuideachd mu dheidhinn mar a dh'fhasas tu eòlach air daoine a dh'faodadh do chuideachadh agus mar a chumas tu ann an co-luadar riutha.

A' coinneachadh ris a' Chomhairliche Dhreuchdan agad

An Stòiridh agamsa

Mus do rinn mi mo roghainnean cuspair, bhruidhinn sinn mu dheidhinn chuspairean, roghainnean agus dreuchdan rè nan leasanan Eòlas Pearsanta agus Sòisealta, agus bhathar a' sealtainn dhuinn ciamar a chleachdas sinn an làrach-lìn My World of Work.

Air an làrach-lìn, choilean mi na h-earrannan Mu Mo Dheidhinn (About Me), Miann-adhartais (Ambition) agus Neartan (Strengths), oir bha mi **feòrachail** mum dheidhinn fhìn agus mu dè bha mi math air. B' e na dreuchdan a chaidh a mholadh dhomh dreuchdan air an robh mi air a bhith a' beachdachadh, ach cha robh mi air **fòcas** a chur air an phiosrachadh uile a bha a dhith orm. Bha an làrach-lìn cuideachd a' moladh nan cuspairean sgoile agus roghainnean air am bu chòir dhomh beachdachadh.

Thàinig an comhairliche dhreuchdan a-steach don chlas Eòlas Pearsanta agus Sòisealta againn, agus rinn sinn grunn ghnìomhachdan a bha a' sealtainn diofar shlighean a-steach do dhreuchdan agus na dh'fheumamaid gus deagh roghainnean cuspair a dhèanamh.

Bha cothrom againn cuideachd air còmhradh aghaidh-ri-aghaidh leis a' chomhairliche dhreuchdan, agus bha mi a' faireachdann gum b' e deagh chothrom a bha seo gus dèanamh cinnteach

gum b' e na roghainnean air an robh mi a' smaointinn na roghainnean cearta. A chionn 's gum food mi a bhith beagan nearbhach, bha cothrom agam air cuideigin a thoirt còmhla rium.

Bha an ùine a bh' agam leis a' chomhairliche dhreuchdan neo-chabhagach agus càirdel, agus dh'ëist iad ris na bha mi airson a ràdh. Chuidich iad mi a bhith a' faireachdann **fiosraichte** agus chuidich iad mi gus smachd a ghabhal air na co-dhùnaidhean agam aig an àm chudromach seo.

Le comhairle agus taic bho My World of Work agus bhon chomhairliche dhreuchdan agam, tha mi a-nis ag ionnsachadh nithean a tha a' còrdadh rium – agus tha **misneachd** agam gum bi iad gam chuideachadh leis na planaichean dreuchd agam san àm ri teachd.

Bi fòcasaithe

Seo àm airson co-dhùnaidhean a dhèanamh.

Bi fiosraichte

Cleachd a h-uile uidheam, pìos-fiosrachaidd agus lònra a th' agad.

Bi feòrachail

Na cum sìon air ais ... cuir a h-uile ceist ris a bheil feum agad air freagairt.

Bi uile mu do dheidhinn-sa

Dèan co-dhùnaidhean matha a bhios ceart dhut fhein – chan ann do dhuine sam bith eile. Tagh na bhios gad dhèanamh sona agus na bhios a' toirt ort faireachdann air bhioran mu dheidhinn an ama ri teachd dhut.



Tòisich air



'S e My World of Work an làrach-lìn dhreuchdan agad, a tha loma-làn de ghnìomhan, uidheaman agus stiùireadh gus do chuideachadh a bhith a' dèanamh nan co-dhùnайдhean cearta airson an ama ri teachd dhut.

Mar as mothà am fiosrachadh a bheir thu seachad mu do dheidhinn-sa, 's ann as fheàrr a bhios na molaidhean a gheibh thu.

Clàraich airson puist-dealain agus bidh sinn gad chuideachadh le stiùireadh agus seòladh air an t-slighe.

Plana Gniomha

1. Clàraich air **My World of Work**
2. Coilean an fharpais-cheist **Mu Mo Dheidhinn (About Me)**
3. Feuch an t-uidheam **Neartan (Strengths)**
4. Feuch an t-uidheam **Sgilean (Skills)**
5. Cleachd an t-uidheam **Roghainnean Cuspair (Option Choice)**

Tadhail air myworldofwork/subjectchoices



Trobhad agus bruidhinn rinne!

Cleachd an t-àite seo gus ainm a' chomhairliche dhreuchdan agad a sgrìobhadh sìos agus càit am faighear iad san sgoil agad.



Cuimhnich

Faodaigh do phàrant, neach-cùraim no tidsear – no a h-uile duine dhiubh – tighinn còmhla riut don chòmhchradh leis a' chomhairliche dhreuchdan agad mu dheidhinn do roghainnean. larr air a' chomhairliche dhreuchdan agad innse dhut mar a chuireas tu agallamh air dòigh agus sgrìobh sìos am fiosrachadh an seo:



Gabh pàirt sa chabadaich againn!

Airson tuilleadh mholaidhean is stiùireadh air dreuchdan agus roghainnean cuspair, cum sùil a-mach airson **My World of Work** air:



Mu dheidhinn Leasachadh Sgilean na h-Alba

Is sinn am buidheann sgilean näiseanta a bhios a' toirt taic do mhuinnitir is gnothachasan na h-Alba gus na sgilean aca a leasachadh agus a chur an gniomh. Tha Comhairlichean Dhreuchdan againn, a tha làn teisteanichte agus fiosrach, sa h-uile àrd-sgoil ann an Alba. A bharrachd air sin, tha lònra againn de dh'ionadan dhreuchdan air àrd-shràidean air feadh na dùthcha. Tha iad seo uile dealasach air an cuideachadh a tha a dhìth a thoirt do dhaointe airson na dreuchd a tha iad ag iarraidh. Tha sinn cuideachd ag obair le gniomhachas gus na builean as fheàrr a ghabhas a libhrigeadh do mhuinnitir, gnothachasan agus eaconamaidh na h-Alba.

Tha ar n-obair ann an sgoiltean ann an co-rèir ri Inbhe Foghlam Dhreuchdan, ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ris na builean aig Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba.